# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

***Please scroll down for English Version***

**BRATH NAIDHEACHD – PRESS RELEASE – 09/02/2011**

**BÒRD NA GÀIDHLIG AIR AINMEACHADH LEASAICHE SEIRBHEISEAN CORPORRA ÙR**

Tha Bòrd na Gàidhlig air Leasaiche Seirbheisean Corporra ùr ainmeachadh an-diugh. Bidh Alasdair MacFhionghuin, a chuir seachad a mhòr-chuid de chosnadh ann an dreuchdan aig àrd-ìre ann an craobh-sgaoileadh ann an Alba, a' tòiseachadh san dreuchd aig toiseach a' Ghiblein.

Rugadh agus thogadh Alasdair MacFhionghuin anns na Hearadh sna h-Eileanan an Iar, agus tha e air còrr is fichead bliadhna a chur seachad an ceann a chosnaidh ann an obair craobh-sgaoilidh, ag obair gu sònraichte don BhBC agus do chompanaidhean craolaidh neo-eisimeileach ann an Glaschu, Obar Dheathain, Inbhir Nis, Sealtainn agus Steòrnabhagh. Tha Alasdair an-dràsta ag obair mar Cho-òrdanaiche air Colmcille, pròiseact com-pàirteachais a tha ag amas air tuigse a leasachadh do eugsamhaileachd agus cultar nan coimhearsnachdan Gàidhlig ann an Alba 's an Èirinn, agus a' cur taic ri deasbad mu dhraghan coitcheann a thaobh cùisean sòisealta, cultarach agus eaconamach.

Chuir Ceannard Bhòrd na Gàidhlig, Iain Aonghas MacAoidh fàilte air an fhastaichte ùr san dreuchd, ag ràdh, "Bidh Alasdair na bhuannachd mhòr dhan bhuidheann oir tha e a' toirt eòlas farsaing roi-innleachdail ann an leasachadh gnothachais chun na dreuchd, a thuilleadh air coileanadh ann an obair conaltraidh agus eòlas air obair leasachaidh cànain.

**A CHRÌOCH**

[www.gaidhlig.org.uk](http://www.gaidhlig.org.uk)
Fòn: 01463 225 454

**Bòrd na Gàidhlig**

Brath Naidheachd
*Press Release*

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mun naidheachd seo, cuiribh fios gu:**

**Iain A MacAoidh, Ceannard, Bòrd na Gàidhlig, air 01463 225454**

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
*Press Release*

**BÒRD NA GÀDHLIG ANNOUNCES APPOINTMENT OF A NEW HEAD OF CORPORATE SERVICES**

Bòrd na Gàdhlig has today announced the appointment of a new Head of Corporate Services. Alasdair MacKinnon, who takes up the role at the beginning of April. has spent a significant part of his career working at senior management level in the Scottish broadcasting media.

Alasdair MacKinnon hails from the Island of Harris in the Western Isles and has spent over twenty years in broadcasting, working mainly with the BBC and the independent TV sector in Glasgow, Aberdeen, Inverness, Shetland, and Stornoway. He is currently working as Co-ordinator of Colmcille, a joint partnership project developing an understanding of the diverse experience and culture of the Irish and Scottish Gaelic communities and supporting projects which encourage debate on common concerns in social, cultural and economic issues.

Chief Executive at Bòrd na Gàidhlig, John Angus MacKay, welcomed the new appointment saying that "Alasdair will be an asset to the organisation as he brings to the post considerable strategic level business development expertise, an excellent track record in communications and also experience in language development".

**END**

**For further information on this news release contact:**

**John A MacKay, CEO Bòrd na Gàidhlig, on 01463 225454**